

## CTBI Statement and Prayer:

### Brath na Seachdaine Naoimh bho Cheannardan Eaglaise ann am Breatann agus Èirinn

Tha saoghal Dhè ann an teas-meadhan èiginn gun ro-shampall. Ann am Breatann agus ann an Èirinn tha an bhìoras Covid-19 fhathast a' bualadh air daoine aig reat eagalach, tha seirbheisean slàinte agus mòran instituidean agus buidhnean, an dà chuid aig ìre iondail agus nàiseanta, fo èiginn uabhasach. Feumaidh daoine fàs cleachdte ri bhith beò ann an dòigh gu tur eadar-dhealaichte, mòran dhaibh gu h-aonaranach. Mar a tha e ann an gach èiginn mar seo, tha cunnart ann gum bi na daoine as so-leònta a' faighinn a' bhuill as miosa.

Tha Crìosdaidhean air feadh an t-saoghail a' tòiseachadh seachdain chudromach ann am bliadhna na h-eaglaise, agus sinn a' cur romhainn bàs agus ais-èirigh Ìosa Chrìosd. Aig cridhe ar creidimh tha sinn a' faicinn an dà chuid eu-dòchas tur agus aoibhneas ro mhòr. Anns a' Bhìoball, agus ann an laoidhean agus liotuirgean aig na h-eaglaisean, bidh sinn a' faicinn Ìosa, agus e a' fulang gu buileach mar dhuine. Anns a' ais-èirigh, tha am fulangas sin air a shaoradh, agus air a atharrach gu dòchas agus aoibhneas. As dèidh bàs Ìosa, bha eagal air a dheiscobail, agus nan sùilean bha a h-uile nì caillte agus gun dòchas, ach thàinig an Crìosd a bha air èirigh dhan ionnsaigh, agus thug e dhaibh dòchas ath-nuadhaichte tro a bhuidh air a' bhàs. 'S e ar n-ùrnaigh gum faigh an saoghal an-diugh eòlas air an dòchas seo.

Ann an Leabhar Dhaniel, bidh sinn a' leughadh mu dheidhinn poball Dhè air fògradh ann am Babilon. Cha b' urrainn do Dhaniel ùrnaigh a dhèanamh anns an Teampall ann an Ierusalem, ach chum e air ag ùrnaigh agus e air fògradh – *air da uinneagan a bhith fosgailte na sheòmar ri Ierusalem*. Ged a bha e na aonar, dh'aonadh e ann an ùrnaigh ris na daoine eile a bha ri ùrnaigh, ge b'e an t-àite far an robh iad. Tha sinn a-nis air ar dealachadh bhon a chèile gu corporra, ach nuair a tha sinn a' dèanamh ùrnaigh anns na taighean againn, tha sinn a' leanntainn an tradaisean aosmhor seo, a' cleachdadh na dachaighe mar àite-ùrnaigh. Ge b'e an t-àite anns a bheil sinn, nuair a tha sinn ag ùrnaigh, nuair a tha sinn a' bruidhinn air Crìosd agus a' smaoinichadh air Crìosd, tha e an sin nar measg. Tha sinn a' cur ar n-ùrnaighean ri ùrnaighean nan naomh uile anns na h-eaglaisean againn fhèin agus ann an coimhearsnachdan air feadh an t-saoghail.

Mar cheannardan eaglaise bho iomadh eaglaisean eadar-dhealaichte anns na h-eileanan seo, tha sinn gur brosnachadh gu bith ag ùrnaigh còmhla rinn anns an t-Seachdain Naoimh seo agus air Latha na Càisge; gu bhith ag ùrnaigh airson nan uile a tha a' fulang, airson nan uile a tha ann an uchd a' bhàis, agus na tha a toirt an aire dhaibh; gu bhith a' comharrachadh aoibhneas ar creidimh ann an uair na h-àmhghair; gu bhith a' cuideachadh air coimhearsnaich ann am feum; agus gu bhith a' toirt an aire air na riaghailtean a tha ann gus ar dìon uile.

### Ar n-Ùrnaigh

A Dhè a' ghràidh, tro ghràs Ìosa Chrìosd, a bhàsaich agus a dh'èirich a-rìthist chun ar saoraidh, tilg a-mach dorchadas ar n-iomagain, dorchadas ar n-eagail agus dorchadas ar bròin. Cuairtich sinn le do ghràdh, agus tabhair dhuinn aoibhneas agus dòchas aig Àm na Càisge. Amen.

### **Scottish Church Leaders Forum statement and Prayer:**

#### **Forum Ceannardan Eaglaisean na h-Alba**

#### **6mh dhen Ghiblean (Diluain na Seachdaine Naoimh)**

As leth eaglaisean na h-Alba, tha sinn a' toirt fàilte air a' Bhràth le ceannardan eaglaisean ann am Breatann agus Èirinn. Ann an Alba, mar a tha e ann an àiteachan eile, tha dùbhlanan mu ar coinneamh a tha gun ro-shampall agus a tha a' toirt buaidh air ar coimhnearsnaich ann an iomadh dòigh. Le bagairtean a' tighinn air na beathannan agus na beòshlaintean aig iomadh duine aig an àm seo, tha sinn a' cuimhneachadh gu bheil feum againn a bhith fosgailte do bheatha Dhè agus do bheatha an t-saoghail. Tron t-Seachdain Naoimh seo, tha fhios againn gum bi sinn a' cluinntinn faclan ar Tighearna Ìosa Chrìosd: *Mo Dhia, mo Dhia, carson a thrèig thu mi?* Cha robh Dia, anns a bheatha air an talamh seo, idir aineòlach air trèigsinneachd. Anns an aon dòigh, tha ar creideamh a' dearbhadh nach eil crìoch gràdh Dhè ri lorg ann an trèigsinneachd. Aig toiseach na seachdaine seo, air Dihaoine na Ceusda agus air Latha na Càisge, tha sinn ag ùrnaigh:

A Thigheana a chruthaich a h-uile nì,

Bi maille rinn air an turas seo a dh'ionnsaigh slànachadh an t-saoghail agus slànachadh do phobaill.

Bi maille rinn nuair a tha sinn aonaranach.

Giùlain sinn nuair a tha sinn fann.

Slànaich sinn nuair a tha an t-eagal oirnn.

Gum biodh do shluagh a' bruidhinn an-diugh le gràdh,

leis an gràdh ceudna a sheall thu dhuinn le cumhachd an Spioraid,

agus le gràdh agus ìobairt ar Fear-saoraidh Ìosa Chrìosd.

Amen.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh  
Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann  
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)